

# An Naidheachd Againne

The Newsletter of An Comunn Gàidhealach Ameireaganach / The American Gaelic Society

Am Foghar 2022, Leabhar XXXVIII, Àireamh 3  
Fall 2022, Volume XXXVIII, No. 3

'S e tha ann an Culturlann ach pròiseact gus ionad cultarach Gàidhlig a stèidheachadh ann an Inbhir Nis. Tha slugh mòr le Gàidhlig anns a' bhaile agus tha mòran chomainn cànan ann cuideachd. 'S e amas a' bhuidhinn gum bi tachartasan dibhearsain agus cultair air an cur air aig an ionad. Tha am buidheann ag iarraidh cuideachd gum bi an t-ionad na àite far am faod daoine coinneachadh agus bruidhinn ri chèile sa Ghàidhlig. Feumaidh am pròiseact suimean mòra airgid. Tha Susanne NicDhòmhnaill a' toirt dhuinn naidheachd air na bha am buidheann a' dèanamh.

Culturlann is a Gaelic-speaking cultural centre proposed to be located in Inverness, which has an active Gaelic community and is the home of a number of Scotland's Gaelic support organisations. The plan is to hold entertainment and cultural events in the centre, but the group's vision also calls for it to be a place for the community to gather for chats and friendship through Gaelic. However, this is a project that will require significant funding to bring to fruition. Susanne MacDonald shares with us here her group's efforts to date.

## A' togail airgid son Culturlann Inbhir Nis

le Susanne NicDhòmhnaill

'S e "Togaidh sinn e agus thig iad" am mantra a tha air a bhith agam on a thòisich mi air a' phròiseict seo. Ach ciamar? Gun togalach, gun airgead, agus, gun fhios aig muinntir an àite dè air thalamh a bh' ann an culturlann!!

Dh'fheuch sinn buidhnean-maoineachaidh na stàite, gun soirbheas, mar sin thionndaidh sinn gu slugh-mhaoineachadh mar an dòigh a b' fheàrr is a bu deamocrataiche son airgead a thogail.

## Raising money for Culturlann Inbhir Nis

by Susanne MacDonald

"We will build it and they will come" has been my mantra since I began working on this project. But how? Without a building, without money and, without people knowing what on earth IS a culturlann?

We initially tried the state funding bodies, with no success, and so turned to crowdfunding as the best and most democratic means to raise money.



Core Supporters of the first Culturlann "Walk and Talk", September 2021  
Courtesy of Susanne MacDonald

## In This Issue

Litir bho'n Cheann-Suidhe / Letter from the President.....	4
2022 U.S. National Mòd .....	6
ACGA Elections / North Carolina Regional Mòd .....	7
Latha Chalum Chille .....	8
Meek Lines .....	9
Grandfather Mountain Song & Language Week 2022 .....	11
Litir à Dùn Èideann.....	12
NEW! Facal à Aonghas / A Word From Angus .....	13
Book Reviews: <i>Constabul Murdo 2 / The Hebridean Baker</i> ....	14,15
Sticky Toffee Pudding (Bilingual Recipe) .....	17
An t-àite agam fhìn .....	19
Bàrdachd airson ar linn / Criomagan.....	21
A Bharrachd / A Website to Watch: <i>Seeing Speech</i> .....	22
Dè Tha Dol? .....	23

Go to [www.acgamerica.org](http://www.acgamerica.org) for more on upcoming ACGA events and other Gaelic-related activities.

Ach ciamar a bha sinn dol a reic na lèirsinn againn, a' bhun-smuain eas-chruthach ùr a bha seo; ionad cultarail Gàidhlig an Inbhir Nis, gun togalach sònraichte fa-near dhuinn son sealltainn ri daoine?

Rinn sinn tòrr smaoinachaidh mu dheidhinn aig toiseach gnothaich, feuchainn ri tuairisgeul na lèirsinn sin a tharraing ri chèile ann an sgeulachd ghoirid, gun cus mìneachaidh air eachdraidh staid cugallach a' chàinain, is carson a tha an seòrsa àite seo cho cudromach an-dràsta ma tha Gàidhlig gu bhith beò is fallain son nan ath-ghinealachdan.

Mar a thachair bha e na b' fhasa na bha sinn an dùil. Carson sin? Uill, is coltach gun do rinn sinn deagh obair air! Chan eil teagamh ann gun do dh'obraich sgioba a' Chultarlainn gu cruaidh thairis air na deich seachdainnean den iomairt; le tachartasan poblach leithid cèilidh aig deireadh a' Mhòid ionadail, le puist ùra a nochdadh gu tric air na meadhanan-sòisealta, a' cur seachad làithean air na sràidean a' toirt a-mach bileagan is a' còmhradh ri daoine, bhideothan, mi fhìn a' gabhail òran mu na fuadaichean air Blàr Chùil Lodair nam measg! Bha agallamhan againn air BBC Alba is Rèidio nan Gàidheal, artagailean sna paipearan-naidheachd agus tòrr a bharrachd. Dh'iarr sinn air ar luchd-leantainn bhideothan a chur thugainn far an robh iadsan a' gairm "Cultarlann Inbhir Nis, bidh mise dol ann!". Bha sinn fortanach is taingeil gur e Calum Dòmhnallach bho Runrig a rinn a' chiad tè dhuinn. Lean iomadh bhideo snog às dèidh na tè sin. Chanainnsa gun do ruith sinn iomairt dhathach, spòrsail, phroifeasanta, agus nas cudromaiche, a bha a' còrdadh ri daoine.

Tha e a-nis foilleasach gun robh is gu bheil fìor dheagh thuigse aig daoine gu bheil feum ann son a leithid, agus gu bheil iad da rìreabh son ar cuideachadh is ar brosnachadh gus am pròiseict seo a thoirt gu bith. Dhearbhaich an iomairt Crowdfunder gu bheil muinntir Inbhir Nis (agus nas fhaide air falbh), Gàidheil is luchd-ionnsachaidh airson 's gum bi dachaigh thèarainte anns a' bhaile seo son na Gàidhlig.

Aig a' mhionaid seo tha £29,000 anns a' Chrowdfunder, agus còrr is mìle not sa chunntas-bhanca, air fad fo cholbh "Togalach", 's ann airson togalach a-mhàin a tha an t-airgead sin.

Leis an iomairt Crowdfunder air ar culaibh, dè a-nis? Tha am Bòrd-stiùiridh ag obair air ro-innleachd ùr son na bliadhna ri teachd. Bidh iad a' coinneachadh leis a' bhuidheann-chomhairle ùr aca son a' chiad uair air a' mhìos seo. Cumaidh sinn oirnn a' togail inbhe a' phròiseict, agus a' togail airgeid air a shon. Cuiridh sinn air dòigh coinneamhan le buill Pàrlamaid na h-Alba, agus luchd-poilitigs ionadail son fios a chumail

But how were we going to sell our vision, this new abstract concept for a Gaelic cultural centre in Inverness, without a specific building in mind?

We did a great deal of thinking at the start, trying to draw together a description of our vision in a short story, without too much explanation of the history of the fragile state of the language, and why this kind of place is so important now, if Gaelic is to survive and thrive for the next generations.

As it happened, it was easier than we were expecting. How so? Well, it seems we made a good job of it! There is no doubt that the Cultarlann team worked hard over the ten weeks of the campaign; with public events such as the ceilidh at the end of the local mod, with new posts appearing often on our social media, spending days on the streets handing out leaflets and speaking to people, videos, including one with me singing a song about the clearances at Culloden battlefield! We had interviews with BBC Alba and Radio nan Gàidheal, articles in newspapers, and much more. We asked followers to send in videos of themselves saying, "*Cultarlann Inbhir Nis: Bidh mise dol ann.*" / "Cultarlann Inbhir Nis: I will be going there." We were fortunate and grateful that it was Runrig's Calum Macdonald who did the first one for us. Many other great videos followed after that. I would say that we ran a campaign that was colorful, fun, professional and more importantly, that people enjoyed.

It is now obvious that people did have a very clear understanding of the need for this kind of place, and that they are indeed willing to help and support us to bring this project into reality. The Crowdfunder campaign proved that the people of Inverness (and further afield), Gaels and learners are in favor of a secure home for Gaelic in this city.

At this moment there is £29,000 in the Crowdfunder, with more than a thousand pounds in the bank account. This money lies in the "Building" column and will not be used for anything other than a building.

With the Crowdfunder now behind us, what now? The Board of Directors is working on a strategy for the coming year, with support from the newly-formed advisory group. We will continue raising the status of the project, and fund-raising for it. We will be arranging meetings with Members of the Scottish Parliament, as well as local councillors, to keep them informed of our

riuthasan air na h-amasan againn, agus son taic a shireadh bhuapa. Mar a chanadh iad, “Is fheàrr caraid sa chùirt, na crùn san sporan”!

Aig an aon àm bidh sinn a’ lorg togalach iomchaidh son nam feumalachdan againn, le àite ann son cafaidh, bùth, seòmraichean-teagaisg, is talla son tachartasan mòra soisealta. Tha dhà no trì togalaichean sa bhaile aig an àm seo a tha fo sgrùdadh.

Uill, sin agaibh e. Sin mar a thog sinn, air neo a thog an luchd-taic againn faisg air £30,000. Tha rathad fada againn ri dhol fhathast, ach gun teagamh thug e misneachd is creideas dhuinn gus an ath-cheum a ghabhail a dh’ionnsaigh cultarlann a stèidheachadh sa bhaile seo. Ma tha ùidh agaibhse anns a’ phròiseict shònraichte a tha seo, agus son barrachd fios fhaighinn, nach toir sibh sùil air an làrach-lìn is na meadhanan sòisealta againn.

Gach deagh dhùrachd à Inbhir Nis.

Togar càrn mòr de chlachan beaga

**Susanne NicDhòmhnaill**

Oifigeir a’ Phròiseict, Cultarlann Inbhir Nis  
5 Mitchell’s Lane. Inverness. IV2 3HQ.  
Scotland, UK

[www.cultarlann.scot](http://www.cultarlann.scot)

[failte@cultarlann.scot](mailto:failte@cultarlann.scot)

[www.crowdfunder.co.uk/p/cultarlann](http://www.crowdfunder.co.uk/p/cultarlann)

Facebook: Cultarlann Inbhir Nis

Twitter: @cultarlann

Instagram: cultarlann\_inbhir\_nis

aims and to seek their support. As they say in Gaelic, “Better to have friends in court than money in the purse”!

At the same time we will be looking for a suitable building to fit our requirements, with space for a café and retail area, teaching rooms and a hall for large social gatherings. There are two or three buildings under consideration at the moment.

Well, there you have it. That is how we raised, or rather our supporters have raised almost £30,000. There is still a long way to go, but there is no doubt that this has given us the confidence and credibility to take the next steps towards establishing a Gaelic centre in this city. If you are interested in this unique project, and want to find out more, why not take a look at our website and social media.

Every best wish from Inverness, Scotland.

A great cairn is built from small stones

**Susanne Macdonald**

Project Officer, Cultarlann Inbhir Nis  
5 Mitchell’s Lane. Inverness. IV2 3HQ.  
Scotland, UK

[www.cultarlann.scot](http://www.cultarlann.scot)

[failte@cultarlann.scot](mailto:failte@cultarlann.scot)


[www.crowdfunder.co.uk/p/cultarlann](http://www.crowdfunder.co.uk/p/cultarlann)

Facebook: Cultarlann Inbhir Nis

Twitter: @cultarlann

Instagram: cultarlann\_inbhir\_nis

**Elementary Crossword: Biadh (Food)**



**Across**

- 3 Potato (7)
- 5 Butter (2)
- 7 Meat (5)
- 8 Biscuit (9)
- 10 Fish (4)
- 13 Sausages (8)
- 15 Sandwiches (10)
- 16 Rice (3)
- 18 Cake (4)
- 19 Juice (4)

**Down**

- 1 Cream (7)
- 2 Cheese (5)
- 4 Sweets (7)
- 6 Jam (6)
- 8 Milk (6)
- 9 Vegetables (9)
- 11 Sugar (6)
- 12 Apple (5)
- 14 Bread (4)
- 17 Egg (3)

See page 16 for solution.

## Litir bhon Cheann-suidhe le Liam Ó Caiside



## Letter from the President by Liam Cassidy

A chàirdean còire,

Feumaidh mi fàilte mhòr a thoirt dhan t-seachdnar a thàinig air bòrd ACGA sa mhìos sa chaidh, na stiùireachan ùra a chaidh a thaghadh am-bliadhna. Tha sinn toilichte gu bheil iad uile ann agus gum bi iad ag obair còmhla rinn. Fàilte chridheil air Taylor Ashlock, Valeria Campbell, Rick Gwynallen, Megan Kotz, Nicole Rodriguez, agus Mallie Steele! Agus fàilte air ais air Seumas Dòmhnallach [Jamie MacDonald], Adam Dahmer, Jeff Justice, agus Eileen Walker.

Chaidh m' ath-thaghadh mar cheann-suidhe ACGA airson bliadhna eile, agus tha mi toilichte an obair a ghabhail a-rithist. Tha Jeff agus Seumas nan iar-cinn-suidhe cuideachd. Agus tha sinn glè thoilichte gum bi Janice Chan, Joyce Campbell, agus Mike MacKay còmhla rinn mar oifigearan suidhichte. Tha sinn taingeil airson na h-obrach a tha iad a' dèanamh.

Cha robh bòrd cho mòr – aon stiùiriche deug agus trì oifigearan suidhichte – agus ioma-nàdarrach againn riamh roimhe, le ochdnar bhoireannach agus sianar fhìr. Tha sinn a' fuireach air feadh na dùthcha, ann an àiteachan mar San Mateo agus Baltimore, Oklahoma agus Alabama. Agus tha sin cudromach. Tha tòrr obair ri dhèanamh againn am-bliadhna.

Tha mi toilichte ri ràdh gun robh seachdain shoirbheachail againn ann am Beinn Sheanair – a' chiad Seachdain na Gàidhlig agus na h-Òrain bheò ann an trì bliadhnaichean. Bha trioblaidean ann – cha b' urrainn dha aon de na tidsearan a bhith ann – ach fhreagair an sgioba air an làrach gu sgiobalta. Taing mhòr dhaibh! Tha sinn a' smaoinichadh air 2023 a-nise.

Bha Latha Chalum Chille soirbheachail againn air-loidhne cuideachd anns an Ògmhios, agus bidh sinn ag obair air tuilleadh thachartasan air-loidhne am-bliadhna. 'S dòcha gun dèan sinn rudeigin mu *Oidhche Shamhna*. Agus bi am Mòd Nàiseanta air-loidhne a-rithist air an 12mh-13mh den t-Samhain. Agus na diochuimhnichibh Oidhche nam Bàrd cuideachd.

'S an ath-bhliadhna, thig Oidhche nam Bàrd air ais anns an Fhaoiltich – dh'fhaidte gum bi "deireadh-seachdain

Dear friends,

I must give a big welcome to six new directors who joined the Board last month, along with returning Board member Jeff Justice. We're delighted they've joined us and that we'll be working together. A hearty welcome to Taylor Ashlock, Valeria Campbell, Rick Gwynallen, Megan Kotz, Nicole Rodriguez, and Mallie Steele! And welcome back Seumas Dòmhnallach [Jamie MacDonald], Adam Dahmer, Jeff Justice, and Eileen Walker.

I was re-elected as president of ACGA for another year, and I'm happy to accept the post again. Jeff and Seumas are co-vice presidents again as well. And we're delighted that Janice Chan, Joyce Campbell, and Mike Mackay are with us as appointed officers. We're grateful for the work that they do.

We haven't had a board so big and so diverse ever before, with eight women and six men. We live throughout the country, in places such as San Mateo and Baltimore, Oklahoma and Alabama. And that's important. We have plenty of work to do this year.

I'm delighted to say we had a successful week at Grandfather Mountain – our first live Scottish Gaelic Song and Language Week in three years. We had troubles – one of the teachers couldn't be there – but the onsite team responded quickly. A big thanks to them! We're thinking about 2023 now.

We had a successful online St. Columba or Calum Cille Day too in June, and we're working on more online events this year. Perhaps we'll do something about *Oidhche Shamhna*, the Gaelic holiday that gave us Halloween. And the US National Mòd will be online again Nov. 12-13. And don't forget the Night of the Bards.

In the new year, Oidhche nam Bàrd will come in January – and perhaps we'll have a

nam Bàrd” againn, le buthan-obrach air feadh an latha agus cèilidh. Agus feumaidh sinn cruinneachadh airson coinneamh bhliadhnail ACGA ann an 2023 cuideachd. Tha mi ’n dòchas gum faic sinn sibh uaireigin, beò neo air-loidhne!

Tha 155 buill againn an-dràsta, le 44 buill ùra am bliadhna. Ach chaill sinn mu 40 ball cuideachd, agus chan eil sinn cinnteach carson. Cùmaibh ur sùilean a-mach airson suirbhidh bhuainn.

Leis gach deagh dhùrachd,

*Liam Ó Caiside*  
Ceann-suidhe, ACGA

“Weekend of the Bards” with workshops and a cèilidh. And we must gather for our Annual General Meeting in 2023 too. I hope we’ll see you sometime, in person or online!


We have 155 members now, with 44 new members this year. But we lost about 40 members too, and we don’t know why. Keep your eyes out for a survey from us.

With every good wish,

*Liam Cassidy*  
President, ACGA



## Tòimhseachan-tarsainn Adhartach: As t-fhoghar



See page 16 for solution.

### Tarsainn

- 1 Taingealachd (11)
- 4 Snaidh i is cuir coinneal innte (6)
- 5 Geama air a chluich le bàla is tadhal (4-5)
- 9 Samhla pailteis (6,1,9)
- 10 Cùm air falbh, fheannag! (6-8)
- 14 'S beag orra Latha na Taingealachd (7-8)
- 15 Na bhuaineas tuathanach (9)
- 16 Dath na ràithe (6)
- 17 Còmhdhaichte le sioc (10)
- 18 Toiseach an fhoghair, tro mhineachadh (2-4-6)

### Sios

- 2 Atharraichidh iad an dathan a-nis (10)
- 3 Fras air taobh a-muigh (5-5)
- 6 Àm a bhios bana-bhuidisichean rim faicinn (7,7)
- 7 Riatanach airson seudar a dhèanamh (6)
- 8 Losgadh airson subhachais (5-7)
- 11 Inneal airson duilleagan a ghluasad (5)
- 12 Aodach airson sgòrnan fuar (4-7)
- 13 Eadar cofhurtail is fuar (7)



## 2022 U.S. National Mòd / Mòd Nàiseanta Aimeireagaidh 2022

*Mòd Nàiseanta Aimeireagaidh*, the U.S. National Mòd, is an annual celebration of Scottish Gaelic song and culture in North America featuring competitions, ceilidhs, performances, and workshops. ACGA will hold this online celebration of language arts, song, poetry, and storytelling, on Saturday, Nov. 12 and Sunday, Nov. 13, 2022.

To register, click here: <https://acga.wufoo.com/forms/k4v73na0jugbjg/>

This will be our third online Mòd, enabling Scottish Gaelic learners from around the globe to join us from the comfort of their own homes. The weekend begins with competitions and a ceilidh on Saturday and ends with special workshops from our adjudicators on Sunday morning.

All registrants pay a base fee of \$25, which includes workshops and the ceilidh, while competitors pay an additional \$20 fee covering all competitions.

This year's adjudicators will be announced shortly. Watch our blog (<https://acgamerica.org/news/>) for more news and check our page on Facebook.

The competitions this year will include:

- *Ag Aithris Bàrdachd* / Poetry recitation (either own choice or a poem chosen by the adjudicator)
- *Bàrdachd Ùr* / Original Poetry Composition
- *Ag Innse Sgeulachdan* / Storytelling (in Scottish Gaelic, up to 5 minutes)
- *Leughadh aig a' chiad shealladh* / Sight Reading (reading text selected by the adjudicator)
- *Òran Neach-tòisichidh* / Song for beginners (one song, for those who have never competed in a mod)
- *Na h-Òrain* / Song at the general level (two songs, for those who have competed in a mod)

The U.S. National Mòd is, at its core, a series of competitions in Scottish Gaelic song, poetry, and storytelling. But the Mòd also is much more than competitions.

- It's a chance to join a Gaelic community that's enthusiastic and supportive of learners at every level, from fluent speakers to new beginners.
- It's a chance to learn Gaelic songs from some of the best singers and instructors from Scotland and Nova Scotia.
- It's a chance, if you're a Gaelic learner, to use the language. And it's a fun weekend with old and new friends.

An dòchas gum bi sinn gur faicinn! / Hope to see you there!

# Oisean a' Ghràmair (The Grammar Nook) Reprinted

We've derived many hours of fascination and enjoyment from the grammar columns written for us by Dr. Wayne Harbert. Wayne is professor emeritus in the Department of Linguistics at Cornell University, and from 2016 to 2022 he wrote a series of humorous and often quirky columns that appealed to even the most grammar-phobic among us.



As a thank-you to Wayne and a gift to the Gaelic learner community, we've republished the entire series as a single document. In the reprint, you'll find an interview with Wayne published in the March 2022 *ANA* issue with his last "Scary Things About Gaelic" (STAG) article. It explains how he came to study Celtic languages and where the name "STAG" comes from. Then all the delightful and informative STAG articles are given in order of publication.

ACGA members should have received a copy by email, but anyone can download it at <https://tinyurl.com/Ana2022StagReprint>



## ACGA Elections

Earlier this year, ACGA's Board of Directors decided to expand the Board to eleven members. At an election held during June, the following were elected to three-year terms:

- Taylor Ashlock
- Valeria Campbell
- Richard Gwynallen
- Jeff Justice
- Megan Kohtz
- Nicole Rodriguez
- Mallie Steele

*Mealaibh ur naidheachd!*

They will join continuing members:

- Adam Dahmer
- Jamie MacDonald
- Liam Ó Caiside
- Eileen Walker

At the August meeting of the newly-expanded Board, the following were elected as officers for the coming year:

- President: Liam Ó Caiside
- Co-vice President: Jeff Justice
- Co-vice President: Jamie MacDonald

For news of the Board's activities, see *Litir bhon Cheann-suidhe* / Letter from the President on page 4.

## North Carolina Regional Mòd MacRae Meadows on Grandfather Mountain

9 July 2022

Adjudicator: Màiri MacInnes

Competitors:


- Isaac Baird
- Seán Heely
- Ailean (Kyle) Henderson
- Maria Monk
- Tom Terry

Because the competitors were at such different skill levels, Màiri did not rate them. She did however, give "fabulous individual tips."

## Photo Quiz

What is the name of this mountain with ties to James Bond?

The answer is on page 20.



Hilary NicPhàidein

Although the 7th of December, 2021, marked the 1,500th anniversary of the birth of Calum Cille, as St. Columba is known in Scottish Gaelic, his memory is still being celebrated in 2022. *An Naidheachd Againne* is observing this with an article by Barbara L. Rice, one of our editors.

## Latha Chalum Chille

by B.L. Rice

ACGA celebrated *Latha Chalum Chille* / Saint Columba Day on Saturday, June 11, 2022, although it is traditionally celebrated on June 9 in Scotland. In 563 AD, Calum Cille – also known as Saint Columba – established the abbey at the Isle of Iona, a center of Christianity and literacy in Scotland.

The celebration was held via Zoom, and organized by ACGA Board Members Adam Dahmer, Jeff W. Justice, Jamie MacDonald, and Barbara Lynn Rice. The program began with Duncan Sneddon, who has a Ph.D in Celtic Studies from the University of Edinburgh and who authored the *Handbook of Biblical and Ecclesiastical Gaelic*. Next on the program were: Barbara, Jeff, and Sandaidh NicDhòmhnaill Jones, Gaelic Crowned Bàrd (Bàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich) 2019-2021. ACGA Board Member Valeria Campbell moderated. There was a short cèilidh afterwards.

Duncan opened with a blessing in Gaelic. Barbara then gave a brief introduction to Calum Cille, an Irish abbot, who came as a missionary to Scotland, and a few stories about miracles attributed to him. Duncan followed with a thorough history of Calum Cille, separating fact from fiction, touching briefly on apocryphal stories about him. Jeff spoke about the *Book of Kells*, which is often associated with Calum Cille but was actually written after his passing. It is said that the book was written on the Isle of Iona. An interesting tidbit was mentioned about the monks occasionally drawing their cats – and also peacocks – in the page margins.

Sandaidh read her poetry and noted that she prefers traditional meter and rhyme. Among the poems were: “Èilean Ì, O Thì, Sìth Èilean Ì”; another poem about a dream that Calum Cille’s mother had while he was in her womb, and a summing up of what Saint Columba meant to the monks of Iona and to his mother. She also sang her poem about the Isle of Iona, set to music, which was quite lovely.

The cèilidh followed, headed by Eliza Pederson (Ealasaid NicPheadair) who joined the celebration from Utah. To the tune of “Highland Cathedral”, she sang “Oran do Chalum Chille” with lyrics written by Adam Dahmer. Accompanying herself on the guitar, she also sang a second song, Psalm 23. Both were quite wonderful.

Following Eliza, ACGA President Liam Cassidy thanked everyone for coming, and he read a Manx prayer / charm about Calum Cille, who was venerated on the Isle of Man as well. Next, Sandaidh read an amusing poem about the Loch Ness monster, “The Monster’s Courtship”, in which Nessie has placed a lovelorn ad in a newspaper. Lastly, Jamie MacDonald read a 1750 handwritten charm from North Carolina by Dugald McFarland, known as “Dugald McFarland’s Charm”, regarding nine of Calum Cille’s miracles. The charm can be found in this issue, in “A Bharrachd” on Page 22.

From Manus O’Donnell’s (Adomnán) biography *Vita Columbae* / Life of Columba, Duncan Sneddon closed the program by reading a short selection from its final chapter on Columba’s last days. It told how even Columba’s horse wept as Columba was going to pass. It was as if the horse was saying goodbye to his master when he wept, knowing that Columba’s end was near. Duncan ended the evening by singing a beautiful and moving rendition of Psalm 34.



**Nach cuidich thu *An Naidheachd Againne*? / Won’t you help *An Naidheachd Againne*?**

. . . . by telling us what’s happening in your Gaelic community by writing short articles about local events, in English or Gaelic.

Interested? Email [naidheachd@acgamerica.org](mailto:naidheachd@acgamerica.org)

## Meek Lines

Professor Donald Meek, academic, editor, writer, and poet, shares his poetry on a Facebook page called “Meek Lines,” explaining that he uses Facebook “in the same way our ancestors used the oral airwaves of their own day. Songs were sung and recited far beyond the composer’s original locality.” And as Meek reminds us, “Poems and songs are for sharing, and that is what gives them life.”

In that spirit of sharing (and with Professor Meek’s permission), in this issue of *An Naidheachd Againne* we have again asked one of our friends, Marcas Mac An Tuairneir, to pick a poem from “Meek Lines” and tell us about it.

Marcas Mac An Tuairneir is a fluent Gaelic speaker, poet, and musician. His published works include his poetry collections *Deò*, *Gracenote*, *Lus na Tùise*, and *Dùileach*. He just released *Speactram*, a collection of his own Gaelic songs.



### Dàn Leabanoin

*le Dòmhnall E. Meek*

Ciod e do dhàn, a Lebanoin chràidhte,  
bha uair ’s tu làn de bheairteas slàinteil,  
luingeas Sholaimh tighinn gu d’ thràighean,  
a’ sireadh mais’ nan sèdar àlainn?

Tioras is Sìdon, puirt bha làidir,  
’s iad dùmhlaichte le mìle bàta,  
seirm nan guthan bho chruinn àrda,  
an saoghal air do starsaich chàirdeil.

Ach tha thu reubte nis le blàran,  
aimhreitean is creachan grànda,  
mort is marbhadh, toradh Shàtain  
tighinn gu d’ chalachan is bàs annt’.

Thàinig luchd de phuinnsean gràineil  
’s thug thu fasnadh dha nad fhàrdaich;  
nad chridhe bha e taisgt’ gun fhàgail  
gus ’n do spreagh e feadh do shràidean.

Beirut an-diugh na spruilleach gàbhaidh,  
dachaighean nan smàl ’s gach àite,  
guthan feargach, searbh, a’ càineadh  
cheannardan na ceilg gun ghràdh annt’.

Chan eil na facail ann don àmhghar  
tha nam chuislean-sa an-dràsda,  
do phian-sa ruith air feadh mo chnàmhan -  
a thìr bha leam nad neamhnaid bhàrdail!

Ciod e do dhàn, a Lebanoin chràidhte?  
Thoirinn na th’ agam bhith nam fhàidhe  
’s mo shùil a’ faicinn thall air faire  
Solamh a’ teachd le gliocas slàinteil.

Sgrìobhadh an dàn seo mar fhreagairt don spreadhadh is don uabhas a dh’adhbharaich e ann am Beirut air 4mh an Lùnastail, 2020. Ri linn an spreadhaidh, fhuair 218 daoine bàs le còrr is 7,000 a bharrachd air am fàgail leònte, is 3,000 gun dachaigh. Thug an t-uabhas buaidh eaconamach air Beirut le dochann

This poem was written as a response to the explosion and subsequent horrors that befell Beirut on 4th August, 2020. As a consequence of the explosion, 218 people lost their lives, with 7,000 more wounded and 3,000 left homeless. It was an event which had considerable economic impact on

seilbh luach US\$ 15 billean, a bharrachd air a' bhuaidh a thugadh air daoine ann.

Sgrìobh Dòmhnall E. Meek an dàn seo, beagan uairean as dèidh dha faighinn a-mach mu na thachair, tro mheadhanan an t-saoghail. Bha mi fhìn, mar dheasaiche *Poblachd nam Bàrd* toilichte an dàn seo fhoillseachadh, mar phàirt den t-sreatha air loidhne againn *Poets' React*, a thug cothrom do sgrìobhadairean air feadh an t-saoghail bàrdachd a sgrìobhadh air rudan a thachair, mar a thachair iad. B' e cothrom do Dhòmhnall, mar a bha do mhòran bhàrd, steam a dhèanamh dè na tachartasan is trioblaidean as motha a tha air buaidh a thoirt air a' chinne-daonna, anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh. Thàinig an sreath seo gu crìch aig àm a' Chòrona-bhiorais agus, le làrach-lìn ùr, bha cothrom eile againn àite a thoirt do bhàird dlùth-phàirteachas a nochdadh ri muinntir na h-Ùcraine.

Mar dheasaiche na Gàidhlig, bha mi riamh ga fhaicinn cudromach cothrom a thoirt do sgrìobhadairean ar cànan an cuid bheachdan a chur an cèill ann am fòram far a bheil diofair chànanan – Beurla, Beurla Ghallta is Cànanan Ceilteach – air an cleachdadh. Tha e deatamach dhomh gu bheil àiteachan air an cruthachadh do sgrìobhadairean na Gàidhlig, far am faic iad a chèile am measg sluaigh na rìoghachd seo is am measg sluagh an t-saoghail gu lèir. Mar dhaoine dà-chànanach, tha e furasta dhuinn, air dòigh nach eile e cho furasta, is dòcha, do dhaoine aona-chànanach, an saoghal fhaicinn air tuilleadh is aon dòigh. 'S e sin ar gibht – an saoghal a thuigsinn tro chultar na Gàidhlig, cho math ri cultar na Beurla. 'S ann mar sin a tha sinn mar shaoranaich coimhearsnachd eadar-nàiseanta.

Anns an dàn seo, tha Dòmhnall a' lionadh a chuid bhriathran le iomraidhean a' Bhìobuill is an oideachaidh a fhuair e ann an Tioradh, aig luchd-teagaisg, ministearan is coimhearsnaich. Mar sin, tha iomradh air àiteachan san dàn a tha air a bhith beò nar n-inntinn, o thuig sinn bho thùs a' Chrìostaidheachd is an uairsin na creideamhan Abrahamach uile. 'S iad àiteachan dhan do shiubhail sinn tro sgeulachdan Aràibia ann am ficsean, a bha aig cridhe cùisean tro na linntean ann an leabhraichean eachdraidh. A bharrachd air sin, 's iad àiteachan a tha air sìor nochdadh sna naidheachdan fad ar linn-ne. Mar sin, tha luchd an Ear-mheadhanaich dlùth rinn, ged a tha e coltach gu bheil na dùthchannan fhèin fada bhuainn.

'S e sin tha mise a' leughadh anns an dàn seo – dlùithe na dàimh. Mar a chruthaicheas Dòmhnall ceangal eadar beairteas is bòidhchead, saoghal a' chinne-dhaonna is nàdar, agus Leabanon nan linntean a dh'fhalbh is an là an-diugh. 'S e an dà-fhillteachd sin a th' againn nar cuid

Beirut with property damage to the tune of US\$ 15 billion, as well as the human cost.

Donald E. Meek wrote this poem a matter of hours after finding out about the event through the world's media. As an editor of *The Poets' Republic*, I was pleased to publish the poem as part of our online *Poets' React* series, which gave poets across the world the opportunity to write about what happened, when it happened. It was an opportunity for Donald, as it was for many poets, to make sense of the events and atrocities that have impacted humanity in the last few years. The series came to an end around the time the Corona virus struck and, with a new website, we had a new opportunity to offer poets wishing to show solidarity with the people of Ukraine.

As a Gaelic editor, I have always thought it important to give the writers of our language an opportunity to express themselves in a forum where other languages – English, Scots and Celtic Languages – are used. It is crucial, for me, that we create space for Gaelic writers, where they can see themselves alongside the peoples of our country and the rest of the world. As bilingual people, it is easier for us than it is for monolingual people, perhaps, to see the world in more than one way. That is our gift – to understand the world through Gaelic culture as well as the culture of the English language. In this way we are citizens of a world community.

In this poem, Donald imbues his words with references to the Bible and the education he received in Tìre from teachers, ministers and neighbours. In this way, he references places in the poem which have lived in our minds since we first came to understand Christianity and consequently all the Abrahamic faiths. These are places to which we have travelled through the stories of Arabia in fiction, that have been at the heart of the histories we have read in books. They have also featured regularly in the news of our own era. In this way, the people of the Middle East remain close to us, even when it might seem that they belong to far away lands.

This is what I read in this poem – the ties that bind. Similarly, Donald builds a link between wealth and beauty, the world of humanity and nature and the Lebanon of centuries past and today's day and age. It is this duality that is in

dà-chànanachais is a leigeas leinn dlùth-phàirteachas  
sònraichte a nochdadh do dhaoine fo leòn.

our bilingualism and which is a conduit for the  
solidarity we show to people in need.

Marcas Mac an Tuairneir  
Dùn Èideann, An Lùnastal, 2022

Mark Spencer Turner  
Edinburgh, August, 2022



## Grandfather Mountain Song & Language Week 2022

Great instructors made a great week!

~Sabrina

Bha an t-seachdain Ghàidhlig glè spòrsail agus inntinneach.  
Bha na tidsearan againn air leth math agus dh'ionnsaich mi tòrr.

~Andi



**Jason Bond**

photo credit: Sabrina Pittillo

Jason at the Gaelic tent.



**Adam Dahmer**

photo credit: Sabrina Pittillo

Adam Dahmer enjoying a break.



**Jason and Andi**

photo credit: Andi Damewood

Fhuair mi cothrom coinneachadh ris an  
tidsear air-loidhne agam, Jason Bond,  
aghaidh ri aghaidh airson a' chiad uair.  
'S e tidsear fìor mhath a th' ann an  
Jason. Anns na clasaichean aige,  
sgriobh sinn sgeulachdan anns  
a' Ghàidhlig agus òran Gàidhlig mu  
Sheumas, am mathan draoidheil. Bha  
an t-seachdain sgoinneil.



**Màiri MacInnes**

photo credit: John Grimaldi

Seo Màiri a' coiseachd dhan chlas.

### Seanfhacal na Ràithe – Pictured Proverb

Do you know what familiar Gaelic  
proverb is illustrated here?

Check page 18 to see if you're right.



Image by Hands off my tags! Michael Gaida [www.pixabay.com](http://www.pixabay.com)



## Litir à Dùn Èideann

by Jeff W. Justice

A chàirdean,

Look about this issue of *An Naidheachd Againne*, and I hope that you see it's a great time for Gaelic, both here in North America as well as Scotland and even globally. When we moved online two years ago, we very quickly found a community connecting with itself in ways we never seriously considered before. We also quickly recognised that the energy we put into it online in those awful early days of the pandemic could fizzle when the new 'normal' would begin to assert itself.

Well, we are there. The pandemic is finally, mercifully, drawing to a close. If anything, however, the momentum we started is growing. Gaelic activism is rising, as our lead article in this issue points out. Bòrd na Gàidhlig's new Gaelic plan drew significant and positive attention in Scotland, and we are on the cusp of the Scottish Parliament giving Gaelic (along with Scots) official legal status at long last. Initial results from the 2021 Scottish Social Attitudes Survey indicate that Gaelic's speakership actually *grew* since the previous in-depth survey conducted on it in 2012. Glasgow's Partick Thistle Football Club has installed Gaelic signs at its Firhill playing ground, although Scottish newspapers also reported that this change did draw some negative blowback. No doubt the new language law will draw its share of opposition as well, but for those of us who know better, these are all major victories for the future of Gaelic.

Scotland is not the only place where Gaelic is on the rise. Great things are happening here in ACGA. We have welcomed our largest-ever intake of new directors on the Board, and we are already feeling their energy. The recent *Latha Chaluim Chille* event is still drawing rave reviews, and our members are demanding more events like that. Those are being planned actively as I write this. We are working toward starting a monthly online *Cofaidh agus Gàidhlig* lunchtime presentation and conversation, which I personally envision as a sort of Rotary Club meeting but for Gaelic learners, speakers, and enthusiasts. We will soon add a daily Gaelic calendar to our website where groups, institutions, and interested individuals can advertise their events. This calendar is the brainchild of board member Adam Dahmer, who, incidentally, just passed his viva (defense) for his doctor's thesis at the University of Edinburgh. We have a new doctor on the board! Congratulations, Adam! All of this just scratches the surface as to the great things that are going on in ACGA and the broader Gaelic community.

Now it is up to us to keep the momentum going, if not push it ahead faster. Can you feel the excitement for Gaelic? I certainly can. *Chì mi ann an saoghal na Gàidhlig a dh'aithghearr thu!*

Le meas,

*Gairidh | Jeff*




**Nach cuidich thu *An Naidheachd Againne*? / Won't you help *An Naidheachd Againne*?**

... by becoming an assistant layout editor. If you have a few Windows computer skills, we will provide training (and software, if necessary).

Interested? Email [naidheachd@acgamerica.org](mailto:naidheachd@acgamerica.org)

# Facal à Aonghas / A Word From Angus

Have you ever wondered how to say a particular word or phrase in good idiomatic Gaelic? Want to expand your vocabulary? Then you might find our new feature helpful.



Angus MacLeod, Gaelic teacher and author from Cape Breton, often answers these kinds of questions in his classes, sometimes with a Cape Breton *blas*. His graphic novels also provide many useful phrases in idiomatic Gaelic.

*Ceann* has the meaning of a head or end amongst others, but consider this sentence from Angus' graphic novel *Às a' Chamhanaich*:

*Ach, an ceann ùine chunnaic sealgair a bha siubhal rudha uaigneach tòrr de dh'fhiodh air a' chladach agus mullach tughaidh air. (Eòs an t-Iasgair, td 92)*

Here *an ceann* with *ùine* has the meaning of 'after a while'.

"But after a while a hunter who was travelling on a lonely headland saw a pile of wood on the shore and a thatch roof on it."

Here are some useful phrases using *an ceann*.

- |                              |  |
|------------------------------|--|
| <i>an ceann greis</i>        | after a while / in a while                         |
| <i>an ceann greiseig</i>     | after a little while                               |
| <i>an ceann ùine</i>         | after a while / eventually / in the course of time |
| <i>an ceann seachdain</i>    | after a week's time                                |
| <i>an ceann latha no dhà</i> | within a few days / in a day or two                |
| <i>an ceann sreatha</i>      | later on, in due course                            |




**bradan  
press**

## Leabhraichean ùra á Albainn Nuaidh

New Gaelic books from Nova Scotia



**IAIN**  
of New Scotland  
Margaret Mackay  
with a foreword by Diana Gabaldon




**Mòr-thubaist**  
aig na  
**Geamannan**  
**Gàidhealach**  
air a sgrìobhadh le Rìel Nason  
na dealbhan le Nathasha Pilotte  
air mair-thubaist le Mòrag Anna NicNeil


